



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

COIMISEAN NA CROITEARACHD

POILEASIDHEAN BACADH-FOILL IS BRÌBEADH AGUS STRÌ EADAR COM-PÀIRTEAN

TIONNDADH 3.1

Ath-sgrùdadh deireannach: 26 Lùnastal 2019
An ath ath-sgrùdadh: An Lùnastal 2020

SMACHD SGRÌOBHAINN

TIONNDADH	CEANN-LÀ	TUAIRISGEUL	ÙGHDAR
0.1	Sultain 2015	Dreach Aithisg air a sgaoileadh	Scott-Moncrieff
0.2	Sultain 2015	Aithisg Dheireannach sgaoilte	Scott-Moncrieff
	20/10/2015	<i>Ath-sgrùdadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais</i>	-
1.0	09/12/2015	Aontaichte le Bòrd Coimisean na Croitearachd	-
1.1	17/11/2017	Atharraichte	Sìne NicThòmais
	09/10/2017	<i>Ath-sgrùdadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais</i>	-
2.0	01/11/2017	Aontaichte le Bòrd Coimisean na Croitearachd	-
2.1	15/06/2018	Atharraichte	Sìne NicThòmais
	24/10/2018	<i>Ath-sgrùdadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais</i>	-
2.2	01/11/2018	Atharraichte	Sìne NicThòmais
2.3	02/11/2018	Ath-fhòrmataichte	Stacey Paton
3.0	29/11/2018	Aontaichte le Bòrd Coimisean na Croitearachd	-
3.1	17/09/2019	Atharraichte agus Ath-fhòrmataichte	Fiona

CLÀR-INNSE

PÀIRT 1: POILEASaidh BACADH-FOILL IS BRÌBEADH.....	1
RO-RÀDH	1
FARSAINGEACHD	1
MÌNEACHADH AIR FOILL	1
MÌNEACHADH AIR BRÌBEADH	2
AITHRIS FOILL AGUS BRÌBEADH.....	3
SGRÙDADH.....	5
POILEASaidhean CO-CHEANGAILTE	5
PÀIRT 2: POILEASaidh STRÌ EADAR COM-PÀIRT.....	6
ADHBHAR.....	6
FARSAINGEACHD	6
DLEASTANAS.....	6
MÌNEACHAIDHEAN.....	6
DÈILIGEADH RI STRÌ EADAR COM-PÀIRTEAN	7
DÈANAMH FOILLSEACHADH	9
POILEASaidhean CO-CHEANGAILTE	10
LEAS-PHÀIPEAR 1	11
RO-INNLEACHD BACADH-FOILL AGUS BRÌBEADH.....	11
LEAS-PHÀIPEAR 2.....	13
FOIRM TAR-CHUR FOILL IS BRÌBEADH.....	13
LEAS-PHÀIPEAR 3.....	14
FOIRM FOILLSEACHAIDH COM-PÀIRT	14
LEAS-PHÀIPEAR 4.....	16
EISIMPLEIREAN DE STRÌTHEAN EADAR COM-PÀIRT	16
EÀRR-RÀDH A.....	17
PRÌOMH CHUNNARTAN FOILL NO BRÌBIDH (<i>fiosrachadh eachdraidheil</i>).....	17

PAIRT 1: POILEASaidh BACADH-FOILL IS BRÌBEADH

RO-RÀDH

Is e poileasaidh Coimisean na Croitearachd an gnothaich uile a choileanadh ann an dòigh onarach agus beusail. Tha modh neoini-fhulangais aig Coimisean na Croitearachd a thaobh foill, brìbeadh agus coirbteachd ann an cruth sam bith, a' tuigsinn gu bheil iad sin calg-dhìreach an aghaidh nan luachan bunaiteach aig Coimisean na Croitearachd, a tha dealasach a thaobh a bhith a' gnìomhadh gu proifeiseanta, gu cothromach agus le ionracas nan dèiligidhean gnothachais agus nan dàimhean, a' buileachadh agus a' cur an gnìomh shiostaman èifeachdach a thèid an aghaidh foill, brìbeadh agus coirbteachd.

Tha Coimisean na Croitearachd ag amas air cunnart a thaobh foill, brìbeadh agus coirbteachd a lùghdachadh chun na h-ìre as ìsle a ghabhas dèanamh agus modhan-obrach a chur nan àite gus foill, brìbeadh agus coirbteachd a chumail gu maireannach aig an ìre as ìsle. Bheir seo comas do Choimisean na Croitearachd barrachd ghoireasan a thargaideadh do chroitearachd. Bidh dòigh Choimisean na Croitearachd air a dhol an aghaidh foill, brìbeadh agus coirbteachd, proifeiseanta, farsaing, cothromach is cothromaichte, èifeachdach a thaobh cosgais agus in-ghabhalach.

Is e dleastanas na sgioba-obrach uile amharas reusanta sam bith a thaobh foill, brìbeadh agus coirbteachd fhoillseachadh. 'S e poileasaidh Coimisean na Croitearachd nach bu chòir do chosnaiche fulang mar thoradh air amharas reusanta innse agus chan fhaod dìoghaltas mì-laghail tachairt airson adhbhar sam bith. Tha luchd-obrach gam brosnachadh gu draghan a thogail fon Phoileasaidh seo agus Poileasaidh Innsireachd Coimisean na Croitearachd ([ceangal](#)).

FARSAINGEACHD

Tha am poileasaidh seo a' beantainn don luchd-obrach uile (a' gabhail a-steach saor-thoilich) agus Coimiseanairean aig Coimisean na Croitearachd. Tha am Poileasaidh seo ri fhaotainn ann an dreach eileagtronaigeach air eadra-lìon Coimisean na Croitearachd. Buinidh e cuideachd ri treas phàrtaidhean a tha a' conaltradh le Coimisean na Croitearachd. Dh'fhaodadh seachnadh air a' Phoileasaidh seo leantainn gu gnìomh smachdail fo Phoileasaidh Smachd Coimisean na Croitearachd agus/no beachdachadh air imeachdan eucorach agus/no catharra, mas iomchaidh.

MÌNEACHADH AIR FOILL

Is e cleachdadh air mealladh a th' ann am foill le rùn air buannachd phearsanta fhaotainn às, a' seachnadh dleastanas no ag adhbharachadh call do phàrtaidh eile. Faodaidh foill a bhith air a chleachdadh gus iomradh a thoirt air measgachadh farsaing de ghiùlan mì-onarach leithid meall-sgrìobhadh, riochdachadh breugach agus falach air firinn stuthach. Tha am mìneachadh seo a' ciallachadh cleachdadh mealltach air goireasan IT, far a bheil a chleachdadh a' ciallachadh nì stuthach ann an coileanadh foille.

Tha na leanas nan eisimpleirean air na seòrsaichean gnìomhachd a bu chòir a mheasadh mar fhoill:

- Brath-foill no mì-aithris air fiosrachadh ionmhasail m.e. foill chosgaisean.

- Mi-fheum air uidheam IT airson foill m.e. cruthachadh no dubhadh às thagraidhean.
- Mi-riochdachadh theisteanasan airson cosnadh fhaotainn.
- Cuilbheart airson foill a choileanadh.
- Crìochnachadh foilleil air sgrìobhainnean oifigeil.
- Neo-fhoillseachadh air com-pàirt phearsanta airson buannachd.

MÌNEACHADH AIR BRÌBEADH

Is e buannachd ionmhasail no eile a th' ann am brìbeadh a thaobh "coileanadh mì-cheart" ann an suidheachadh earbsach, no gnìomh a thathar a' sùileachadh a bhith air a choileanadh gu neo-phàirteach no ann an deagh chreideas. Chan fheum brìbeadh a bhith an lùib airgead, no airgead ga iomlaid agus faodaidh e mòran riochdan a ghabhail leithid tiodhlac ('s e sin dèiligeadh caithteach air turas gnothachais no tiogaidean gu tachartas).

Chan eil brìbeadh an-còmhnaidh a' toradh ann an call. Dh'fhaodadh nach fhaigh an neach coirbte buannachd dhìreach às a ghnìomhan; ach, dh'fhaodadh gu bheil iad a' cleachdadh an suidheachaidh gu mì-reusanta airson buannachd neach eile.

San Rìoghachd Aonaichte, tha Achd a' Bhribidh 2010 a' mìneachadh nam prìomh cheithir oilbheuman:

- A' toirt no a' tabhann brìb
- A' faighinn no ag iarraidh brìb
- Brìbeadh oifigeach poblach à dùthaich cèin (cuideachd aithnichte mar phàighidhean cuideachaidh)
- Dearmadach ann an cur bacadh air brìb (oilbheum corporra).

Fo Achd a' Bhribidh 2010, tha oilbheum ga dhèanamh fiù ged nach eil airgead, bathar no buannachd sam bith eile, air an iomlaid.

Faodaidh brìbeadh diofar chruthan a ghabhail. Tha na leanas nan eisimpleirean de bhribeadh:

- Tha tagraiche a' gealltainn airgead no buannachd eile a thoirt do neach-dèanamh cho-dhùnaidhean, ma cheadaicheas an neach-dèanamh cho-dhùnaidhean an tagradh aca. Bhiodh an dithis san t-suidheachadh sin, an tagraiche agus an neach-dèanamh cho-dhùnaidhean, air oilbheum a choileanadh fo Achd a' Bhribidh 2010.
- Tha an neach-dèanamh cho-dhùnaidhean ag iarraidh ceasaichean de dheoch-làidir bhon tagraiche, le gealltanais gun dèan an neach-dèanamh cho-dhùnaidhean beachdachadh nas fhàbharaich air an tagradh.

Dh'fhaodadh gum bi amannan nuair a tha am poball (neach cumanta) a' meas gnìomh/co-dhùnadh le ball den luchd-obrach a bhith coirbte, nuair nach eil e ann an da-rìribh. Faodaidh am measadh seo a bhith air adhbharachadh le dàimh an neach-obrach leis an treas phàrtaidh no an dòigh san deach an gnìomh/co-dhùnadh a làimhseachadh. Gus luchd-obrach a dhìon bhon a leithid sin de mheasaidhean, tha aig luchd-obrach ri foillseachadh com-pàirt a lionadh (bidh seo a' dèanamh cinnteach nach bi luchd-obrach a' dèanamh cho-dhùnaidhean far a bheil strì aca) agus

tiodhlacan is aoigheachd a chlàradh. Tha na ceumannan sin a' taisbeanadh gu bheil gnìomhan Coimisean na Croitearachd cothromach, neo-phàirteach agus follaiseach. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu strì eadar com-pàirtean agus tiodhlacan is aoigheachd, thoiribh sùil air Poileasaidh Strì Eadar Com-pàirtean agus Poileasaidh Thiodhlacan is Aoigheachd aig Coimisean na Croitearachd.

Tha an oilbheum ann an earrann 7 de 'dearmadach ann an cur bacadh air brìb' na oilbheum corporra. Gu deatamach, ma thèid bribeadh a' tachairt aig Coimisean na Croitearachd a dhearbhadh, agus nach eil Coimisean na Croitearachd comasach air taisbeanadh gun robh ceumannan nan àite gus bacadh a chur air brìbeadh bho thachairt, dh'fhaodadh an uair sin an Coimisean agus na h-oifigearan aca a bhith air an lorg ciontach den oilbheum ann an earrann 7 agus binn prìosain 10-bliadhna fhaighinn, no càinean gun chrìch agus damaist do an cliù.

Gus casaid a sheachnadh fo earrann 7 de Achd a' Bhribidh, feumaidh Coimisean na Croitearachd taisbeanadh gu bheil iad air na sia modhan freagarrach a chur an gnìomh, mar a tha mìnichte le Ministrealachd a' Cheartais. Tha iad mar a leanas:

- **Modhan co-rèireach** – Soilleir, dèantanach, ruigsinneach, builichte agus gnìomhaichte san dòigh cheart.
- **Dealas àrd-ìreil** – Gabhail uallach aig ìre bùird airson bacadh air brìbeadh.
- **Measadh cunnairt** – Beachdachadh air cunnartan a-staigh agus a-muigh
- **Dìcheall iomchaidh** – Biodh aithne agad air luchd-maoineachaidh agus com-pàirtichean.
- **Conaltradh** – Poileasaidhean agus modhan-obrach fìchte a-steach.
- **Sgrùdadh agus lèirmheas** – Luachadh èifeachdas air modhan làithreach bacadh air brìbeadh.

AITHRIS FOILL AGUS BRÌBEADH

Tha dleastanas air an luchd-obrach uile amharas air foill, brìbeadh no coirbteachd innse. Ma bhios amharas sam bith agad air foill, feuch gun innis thu do dhraghan do na leanas:

- **Ceannard Gèillidh**
Bu chòir dhut amharas sam bith air foill agus brìbeadh aithris don Cheannard Gèillidh, a' cleachdadh Foirm Aithris Foill is Brìbeadh (ceangailte aig [Leas-phàipear 2](#)), a tha mar a' chiad neach ris an dèan thu conaltradh. Cuimhnich, na aithris tachartasan foill sam bith don mhanaidsear agad no luchd-obrach eile, oir chan eil thu cinnteach a bheil no nach eil iad na lùib. Gheibh thu freagairt sgrìobhte bhon Cheannard Gèillidh.
- **Cleachdadh Poileasaidh Innsireachd Coimisean na Croitearachd**
Mura h-eil thu airson a' chùis aithris dìreach don Cheannard Gèillidh agus airson fuireach neo-ainmichte, feuch gun coimhead thu ri Poileasaidh Innsireachd Coimisean na Croitearachd, a bheir dhut mion-fhiosrachadh air mar as urrainn dhut do dhraghan aithris ann an dìomhaireachd.

➤ **Poileas is Crimestoppers**

Ma tha thu a' faireachdainn nach urrainn dhut conaltradh ris a' Cheannard Gèillidh no do dhraghan a thogail gu neo-ainmichte tron Phoileasaidh Innsireachd, bu chòir dhut fios a chur chun nam Poileas gus do dhraghan aithris le gairm-fòn a chur gu 101 no gu loidhne-conaltraidh Crimestoppers air 08000 15 16 28. Ach, thathar a' moladh gu làidir do dhraghan a thogail dìreach leis a' Cheannard Gèillidh no tron Phoileasaidh Innsireachd.

➤ **Coimisean Inbhean na h-Alba**

Tha an Coimisean Inbhean neo-eisimeileach bhon riaghaltas, institiùdan poiliteagach agus pàrtaidhean poiliteagach, agus mar sin tha e comasach air co-dhùnaidhean neo-phàirteach a dhèanamh, saor bho bhuaidh sam bith, air na Còdan Giùlain a chur an gnìomh. Faodaidh tu conaltradh le Coimisean nan Inbhean air 0131 348 6666 no tro enquiries@standardscommission.org.uk.

Tha na leanas na stiùireadh do dhaoine fa leth a tha ag amharas foill:

Dèan:

- ✓ Fuirich ciùin – cuimhnich gur e fianais a th' annad, chan e neach-gearain.
- ✓ Sgrìobh sìos do dhraghan sa bhad – gabh nota den fhiosrachadh bhuntainneach uile, leithid na chaidh a ràdh ann an còmhraidhean air a' fòn no eile, ceann-latha, an uair agus ainmean gach neach a tha na lùib.
- ✓ Dèan aithris air do dhraghan don Cheannard Gèillidh cho luath 's a ghabhas, oir dh'fhaodadh dàil sam bith tuilleadh call ionmhasail adhbharachadh do Choimisean na Croitearachd. Tha sinn gad mhisneachadh gu do dhraghan a thogail – tha Achd Foillseachaidh Ùidh Phoblach 1998 a' dìon chosnaichean aig a bheil draghan reusanta. Chan fhuiling thu leth-breith no droch làimhseachadh sam bith le bhith a' leantainn nam modhan-obrach ceart.

Na dèan:

- ✗ Na tòisich a' rannsachadh na cùise thu fhèin. Faodaidh feuchainn air fianais a thional thu fhèin (nas lugha na gu bheil e an ìmpis a sgrìos) toradh ann e a bhith do-cheadaichte agus rannsachadh eucorach sam bith a mhilleadh. Feumaidh trusadh air fianais a bhith dèante ann an co-rèir ri riatanasan laghail gus am bi e ceadaichte sa chùirt.
- ✗ Na dèan conaltradh ris an neach a tha na lùib (dh'fhaodadh seo leantainn gu e/i an fhianais a sgrìos).
- ✗ Na innis e don mhanaidsear agad.
- ✗ Na dèan deasbad air d' amharasan le neach sam bith eile ach na daoine sin air an tugadh iomradh gu h-àrd, mura h-iarr iad ort labhairt riutha gu sònraichte. Dh'fhaodadh aghaidh a thoirt air an neach-amharais no draghan a nochdadh do neach eile seach iadsan a tha ùghdarrach, aire neach-foill a thogail no leantainn gu neach neoichiontach a bhith air a chasaideachadh gu mì-cheart.
- ✗ Na cleachd am pròiseas gus gearan pearsanta a leantainn.
- ✗ Na stad bho rudeigin a dhèanamh!

Cuimhnich:

- Dh'fhaodadh tu a bhith ceàrr no dh'fhaodadh mineachadh neoichiontach no math a bhith co-cheangailte ris – thig seo a-mach san rannsachadh.
- Faodaidh am pròiseas a bhith toinnte agus leanailteach. Tha sgrùdaidhean air an coileanadh ann an dìomhaireachd air bhunait 'feum air fios'. Gheibh thu fiosrachadh às ùr nuair a bhios sin iomchaidh; na gabh dragh mura h-eil thu air nì a chluinntinn bho na sgrùdairean.

SGRÙDADH

Tha sgrùdadh air èifeachdas a' phoileasaidh seo na dhleastanas air a' Cheannard Gèillidh agus thèid beachdachadh air sa ghnàth-chùrsa an lùib aithris air cùisean uile co-cheangailte ri contra-foill, cunnart foill agus fìor fhoill don Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

POILEASIDHEAN CO-CHEANGAILTE

Tha am Poileasaidh seo ceangailte ris na leanas:

- Poileasaidh Thiodhlacan is Aoigheachd
- Poileasaidh Strì eadar Chom-pàirtean
- Poileasaidh Bacaidh air Sgùradh Airgid
- Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba
- Poileasaidh Innsireachd

PÀIRT 2: POILEASaidh STRÌ EADAR COM-PÀIRT

ADHBHAR

Is e adhbhar a' phoileasaidh seo, suidheachadh Coimisean na Croitearachd a libhrigeadh a thaobh na tha cudromach ann an strì eadar com-pàirtean do luchd-obrach (a' gabhail a-steach saor-thoilich) agus Coimiseanairean, agus pròtacal a stèidheachadh airson foillseachadh agus dèiligeadh ris a leithid sin de Strì eadar Com-pàirtean.

FARSAINGEACHD

Tha am Poileasaidh seo a' beantainn ris an luchd-obrach uile (a' gabhail a-steach saor-thoilich) agus Coimiseanairean a tha an sàs ann an obair Coimisean na Croitearachd. Faodaidh dìth gèillidh don phoileasaidh seo leantainn gu gnìomh smachdail fo Phoileasaidh Smachd Coimisean na Croitearachd.

DLEASTANAS

Tha sibh (luchd-obrach uile, saor-thoilich agus Coimiseanairean) uile cunntachail airson am poileasaidh strì eadar com-pàirt a leughadh agus a thuigsinn, agus follaiseachadh sa bhad gu labhairteach don Cheannard Gèillidh, air a leantainn ann an sgrìobhadh gun Cheannard Gèillidh le lethbhreac gun Mhanaidsear agad, mu strì eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh tachairt taobh a-staigh ceithir uairean fichead (24) bho dh'ionnsaich thu mu dheidhinn (le bhith a' lìonadh [Leas-phàipear 3](#)).

Tha an Ceannard Gèillidh cunntachail airson dearbhadh dè na ceumannan a bharrachd, ma bhios gin idir, a bu chòir a gabhail a thaobh follaiseachadh sam bith a fhuairidh bho luchd-obrach.

Tha an Ceannard Gèillidh cunntachail airson nan tillidhean strì eadar compàirtean agaibh a chruinneachadh, agus an cumail suas air a' chlàr strì eadar com-pàirtean.

MÌNEACHAIDHEAN

Tha "Strì eadar Com-pàirt" a' toirt iomradh air suidheachadh far am faodadh dàimh(ean) pearsanta no ùidh(ean) ionmhasail buill den luchd-obrach (a' gabhail a-steach saor-thoilich agus Coimiseanairean) a bhith air fhaicinn gu reusanta mar a bhith a' toirt buaidh air dleastanas bhuill den luchd-obrach bho bhith a' gnìomhadh gu mathas as fheàrr Coimisean na Croitearachd. Tha a leithid sin de Strì Eadar Com-pàirtean a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte ri:

- dlùth neach-dàimh do neach fa leth a tha an sàs ann an coimhearsnachd croitearachd;
- dlùth neach-dàimh do neach fa leth aig a bheil tagradh beò (no gnothach eile) le Coimisean na Croitearachd;
- dlùth neach-dàimh do neach fa leth a tha air fhadhadh le no an sàs ann an gnothachas a tha a' sireadh gnothaich le Coimisean na Croitearachd no aig a bheil gnothaich le Coimisean na Croitearachd;
- cumail earrannan ann an corporaid a tha a' sireadh gnothaich a dhèanamh le Coimisean na Croitearachd, ach a-mhàin far a bheil earrannan aig a' chorporaid

agus aig a' chosnaiche a tha nas lugha luach [1%] de na h-earrannan sgaoilte ann an corporaid phoblach;

- a bhith an sàs no a' tasgadh ann an gnothachas no carthannas a tha farpaiseach don ghnòthachas a tha ga ruith le Coimisean na Croitearachd;
- a bhith glèidhte le companaidh eile no buidheann, eadar gur ann air bhunait seirbheis co-chomhairleachaidh no pàirt-ùine, a tha a' faotainn mhaoinean bho Coimisean na Croitearachd;
- gabhail "coimisean", "pàighidhean" ann an airgead no pàighidhean eile an àite airgead.

Tha eisimpleirean eile a bharrachd de strì eadar com-pàirt air am mìneachadh ann an [Leas-phàipear 4](#).

Chan eil ionracas an neach fa leth fo cheist an seo. Ach, tha e riatanach airson cliù an neach fa leth agus Coimisean na Croitearachd, gu bheil misneachd aig buill a' phobaill nan neo-eisimeileachd agus nan neo-phàirteachas. Faodaidh fiù beachd de strì eadar com-pàirt a thaobh ball den luchd-obrach a bhith air leth millteach do chliù Coimisean na Croitearachd, agus mar sin tha e deatamach an ainmeachadh agus an rannsachadh san aon dòigh agus a bhiodh strì a tha fìor. Dh'fhaodadh nach eil an fhìrinn gun do ghnìomhaich neach gu neo-phàirteach a' dol a sheachnadh casaidean a bhith taobhach.

Mura foillsich thu com-pàirt a dh'aon ghnòthaich (airson buannachd ionmhasail no buannachd sam bith eile), dh'fhaodadh gu bheil thu a' dèanamh oibheum (i.e. foill tro bhith a' fàilligeadh air fiosrachadh fhoillseachadh) agus dh'fhaodadh tu a bhith buailteach do ghnìomh smachdail fo Phoileasaidh Smachd Coimisean na Croitearachd agus mar sin buailteach do chasaid eucoir.

DÈILIGEADH RI STRÌ EADAR COM-PÀIRTEAN

Ma mhothaicheas tu no ma bhios tu an sàs ann an strì eadar com-pàirt, foillsichidh tu a leithid sin de strì eadar com-pàirt sa bhad don Cheannard Gèillidh (le lethbhreac don Mhanaidsear agad agus a' tilleadh Foirm Foillseachaidh Com-pàirt air a lionadh), agus stadaidh tu do chom-pàirt sa phròiseas cho-dhùnaidhean co-cheangailte ris an ùidh sin. Feumaidh tu cuideachd foillseachadh dè dh'fhaodadh a bhith "air fhaicinn" le neach bhon taobh a-muigh mar strì eadar com-pàirt.

NB: Is e do dhleastanas a th' ann gèilleadh don phoileasaidh seo agus don Chòd Giùlain co-cheangailte.

Cha ghabh riathanasan foillseachaidh an seachnadh on a tha ball den luchd-obrach a' faireachdainn nach eil no nach robh no nach bi e no i, fo bhuidh strì eadar com-pàirt. Chan eil "ro-bheachd ciont" ga chruthachadh le dìreach strì eadar com-pàirt a bhith ann no le dàimh le treas phàrtaidhean. Ach, ma tha buaidh aig strì eadar com-pàirt air tar-ghnìomhan (mar eisimpleir, air nithean ceannachd, cùmhnantan, no air lìosan amsaa), tha e deatamach gum foillsich an cosnaiche don Cheannard Gèillidh cho luath 's a ghabhas, gu bheil strì eadar com-pàirt an làthair no san amharc gus an gabh sàbhailteachdan a chur nan àite airson nam pàrtaidhean uile a dhìon.

Ma tha thu mì-chinnteach a bheil nì a' dèanamh suas strì eadar com-pàirt, feumaidh tu an dragh sònraichte sin a dheasbad leis a' Cheannard Gèillidh gus suidheachadh

Coimisean na Croitearachd a dhearbhadh a thaobh na cùise. Chan eil uallach airson gèilleadh agus foillseachadh a' laighe mar chùis chorporra ach leis an neach fa leth.

Dearbhaidh an Ceannard Gèillidh:

- a) a bheil no nach eil strì eadar com-pàirt ann;
- b) cudromachd na strì eadar com-pàirt a tha an làthair no san amharc;
- c) dè na ceumannan a tha riatanach gus Coimisean na Croitearachd a dhìon an aghaidh na strì eadar com-pàirt.

Ann an dearbhadh seo, bidh an **Ceannard Gèillidh** air a stiùireadh le poileasaidhean sam bith eile a tha buntainneach, leithid Poileasaidh Bacadh Foill agus Brìbeadh.

A thaobh nì (c) air an liosta gu h-àrd, faodaidh an Ceannard Gèillidh, a rèir an t-suidheachaidh, aon no barrachd de na ceumannan a leanas a ghabhail:

- an SMT [ceannard na Roinne agad] / CEO fhiosrachadh mun chùis;
- modhan dìon a-staigh a stèidheachadh gus Coimisean na Croitearachd a dhìon bho strì eadar com-pàirt;
- iarraidh gun stad an cosnaiche bho bhith an lùib an t-suidheachaidh a tha ag adhbharachadh na strì eadar com-pàirt;
- an cosnaiche a ghluasad san eadar-ama bho shuidheachadh buaidh thairis air an neach no buidheann fa leth, a thaobh chùisean a tha ag adhbharachadh strì eadar com-pàirt. Mar eisimpleir, ma tha an t-strì co-cheangailte ri tagradh bho neach-dàimh cosnaiche, faodaidh an cosnaiche a bhith air a thoirmeasg bho chom-pàirteachadh an lùib a' phròiseis co-dhùnaidh;
- iarraidh gum pàigh an cosnaiche air ais sochair sam bith a fhuair e no i, no a ghabhas fhaighinn mar thoradh air strì eadar com-pàirt;
- gnìomh smachdaidh san amharc a ghabhail an aghaidh a' chosnaiche (suas gu agus a' gabhail a-steach crìochnachadh cosnaidh) airson briseadh a-steach air solar mar a tha mìnichte sa phoileasaidh Strì eadar Com-pàirt. Ann an dearbhadh nàdar a leithid sin de smachd, beachdaichidh an Ceannard Gèillidh air:
 - a) d' fhoillseachadh air làthaireachd strì eadar com-pàirt, ma chaidh a leithid sin de fhoillseachadh a dhèanamh;
 - b) an deach a leithid sin de fhoillseachadh a dhèanamh sa bhad;
 - c) cudromachd na strì eadar com-pàirt;
 - d) an robh eas-onair sam bith an lùib strì eadar com-pàirt;
 - e) an deach cron sam bith a dhèanamh air Coimisean na Croitearachd a thaobh na strì eadar com-pàirt (m.e. ionmhasail no a thaobh cliù);
 - f) an cron air Coimisean na Croitearachd a dh'fhaodadh a bhith air a thighinn mar thoradh air strì eadar com-pàirt;
 - g) an gabh no nach gabh a leithid sin de chron a bhith air a chàradh air dhòigh air choreigin;
 - h) a bheil ceumannan smachdaidh, geàrr do chrìochnachadh cosnaidh, gu leòr airson dèiligeadh ris a' bhriseadh;

- gnìomh sam bith eile a thathar a’ meas glic san t-suidheachadh leis a’ Cheannard Gèillidh.

Tha e air iarraidh air **LUCHD-OBACH UILE** an fhoirm Foillseachaidh Com-pàirt a lionadh a-steach (a chithear ann an [Leas-phàipear 3](#) don phoileasaidh seo) air bhunait bhliadhnail, fiù ged nach biodh strì sam bith ri fhoillseachadh leis an luchd-obrach sin. Ann an suidheachaidhean far nach eil nì aig luchd-obrach ri fhoillseachadh, tha e air iarraidh air luchd-obrach foillseachadh ‘neoini’ a dhèanamh (a’ cleachdadh Foirm Foillseachaidh Com-pàirt – [Leas-phàipear 3](#)).

Faodaidh luchd-obrach a tha mothachail do strì eadar com-pàirtean no strì eadar com-pàirtean san amharc, agus nach aithris an t-strì sin sa bhad, a bhith fosgailte do ghnìomh smachdachaidh, a dh’fhaodadh toradh ann an àireamh de smachdan a’ gabhail a-steach grad-chur à dreuchd.

Tha lionadh foirm Foillseachaidh Com-pàirt ga dhèanamh tro aonta. Tha e gu maith an luchd-obrach agus na buidhne gum bi an fhoirm lionta cho coileanta ’s a ghabhas.

DÈANAMH FOILLSEACHADH

Ma tha thu den bheachd gu bheil thu an lùib no gum bi thu an lùib strì eadar com-pàirt, feumaidh tu sin fhoillseachadh sa bhad gu h-iomlan agus gu mionaideach don Cheannard Gèillidh (le leth-bhreac don Mhanaidsear agad). Cleachdar Foirm Foillseachaidh Com-pàirt mar a chithear ann an [Leas-phàipear 3](#) den phoileasaidh seo, airson an adhbhair sin agus feumar a chur chun a’ Cheannard Gèillidh.

Nì an Ceannard Gèillidh sgrùdadh air an fhoillseachadh agus dh’fhaodadh fiosrachadh mun t-strì eadar com-pàirt a chur chun na roinne a tha co-cheangailte ris; agus/no comhairle laghail a shireadh mus fhiosraichear an CEO agus an Neach-gairm (mas iomchaidh) a thaobh nan ceumannan a bu chòir a ghabhail mar thoradh air an t-strì eadar com-pàirt.

Nì an Ceannard Gèillidh cinnteach gu bheil an Fhoirm Foillseachaidh Com-pàirt ([Leas-phàipear 3](#)) ri fhaotainn leis an luchd-obrach uile air bhunait bliadhnail, airson ath-sgrùdadh.

Thèid lethbhreac den phoileasaidh seo a thoirt do gach cosnaiche a’ leantainn air tòiseachadh nan dreuchd aig Coimisean na Croitearachd, agus aig amannan an dèidh sin a thathar a’ meas iomchaidh le Coimisean na Croitearachd.

Nì an Ceannard Gèillidh cinnteach gu bheil foillseachaidhean com-pàirt uile air an cur agus air an cumail ann am pasgan Foillseachaidh Com-pàirt aig Coimisean na Croitearachd.

Tha Coimisean na Croitearachd trom-chuiseach mu dhìon do dhìomhaireachd. Gus do dhàta pearsanta a chumail sàbhailte agus gus a dhèanamh cinnteach gu bheil e mionaideach agus ceart, cha bhi sinn a’ tionail agus/no a’ stòradh ach an dàta a tha riatanach airson ar dleastanasan a choileanadh mar bhuidheann riaghlaidh. Sa chùis seo, tha am pròiseas riatanach gus ceadachadh dhuinn obair ùghdarrais phoblach oifigeil a chur an gnìomh. Gheibh thu lethbhreac de ar Fios Priobhaideachd aig www.crofting.scotland.gov.uk/privacy-policy.

POILEASIDHEAN CO-CHEANGAILTE

Tha am Poileasaidh seo co-cheangailte ris na leanas:

- Poileasaidh Thiodhlacan is Aoigheachd
- Poileasaidh Bacaidh air Sgùradh Airgid
- Leabhar-làimhe Ionmhais Phoblaich na h-Alba
- Poileasaidh Innsireachd

RO-INNLEACHD BACADH-FOILL AGUS BRÌBEADH

Cruthachadh cultar bacaidh-foill agus brìbeadh

Cleachdaidh Coimisean na Croitearachd stuth foillseachaidh an aghaidh foill agus brìbeadh gus cosnaichean fhiosrachadh gur e oilbheuman trom-chuiseach a th' ann am foill agus brìbeadh, a tha a' toirt air falbh ghoireasan bho rùn Coimisean na Croitearachd. Taisbeanaidh a leithid sin de ghnìomhachd nach gabhar ri foill agus coirbteachd agus gu bheilear a' dèiligeadh ris.

Bacadh as àirde air foill

Tha bacadh a' ciallachadh barrachd na smachd-bhannan cruaidh; tha e cuideachd mu dheidhinn a bhith a' meudachadh na dùil gun tèid ciontaichean a ghlacadh ma dh'fheuchas iad ri Coimisean na Croitearachd a mhealladh – bheir Coimisean na Croitearachd a-steach a leithid sin de cheumannan gus cothrom air foill agus brìbeadh a lùghdachadh chun na h-ìre as ìsle.

Bacadh soirbheachail air foill agus brìbeadh nach gabh a thilleadh

Tha poileasaidhean agus modhan-obrach aig Coimisean na Croitearachd nan àite airson cothrom air foill agus brìbeadh a lùghdachadh. Tha iad sin a' gabhail a-steach siostam de smachdan bhon taobh a-staigh, Sgeama Tiomnaidh agus modhan-obrach clàraichte, a tha ag iarraidh sgrùdaidhean fiosaigeach is aireachais, rèiteachaidhean ionmhasail, sgaradh agus cuairteachadh air dleastanasan, agus aithrisean soilleir air dreuchdan agus uallachaidhean. Far a bheil foill agus brìbeadh air tachairt, bidh Coimisean na Croitearachd a' dèanamh cinnteach gun gabh atharrachaidhean riatanach sam bith air siostaman agus modhan-obrach, àite sa bhad gus bacadh a chur air a leithid sin tachairt a-rithist san àm ri teachd.

Lorg luath air foill is brìbeadh nach gabh a bhacadh

Leasaichidh agus cumaidh Coimisean na Croitearachd suas smachdan èifeachdach airson bacadh a chur air foill agus brìbeadh, agus dèanamh cinnteach ma thachras e, gun tèid a lorg gu luath agus iomradh sa bhad chun a' Cheannaird Gèillidh airson rannsachadh.

Rannsachadh proifeiseanta air foill is brìbeadh a chaidh a lorg

Thèid an t-Oifigear Rannsachaidh a thrèanadh ann an dòigh iomchaidh gus sgrùdaidhean a dhèanamh a thaobh amharas air foill is brìbeadh.

Smachd-bhannan èifeachdach, a' gabhail a-steach gnìomh laghail an aghaidh dhaoine a bha ri foill agus brìbeadh

A' leantainn air rannsachadh a chrìochnachadh, ma tha fianais ann de fhoill no brìbeadh, thèid beachdachadh air na smachd-bhannan a tha rim faotainn ann an co-rèir ris an stiùireadh a chaidh a sgaoileadh le Ministrealachd a' Cheartais. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh casaid eucoir, cùis-lagha chatharra agus gnìomh smachdail, a thuilleadh air tar-chur gu buidheann proifeiseanta no riaghlaidh.

Dòighean èifeachdach air ath-dhìolaidh a shireadh a thaobh airgead a chaidh a chall le foill.

Thèid feuchainn ri call sam bith a chaidh a tharraing, fhaighinn air ais tro chùis-lagha chatharra ma bhios sin iomchaidh, gus a dhèanamh cinnteach gum bi call sam bith a thàinig air Coimisean na Croitearachd air a thilleadh gu an fheum cheart do an robh e roimhe.

FOIRM TAR-CHUR FOILL IS BRÌBEADH

FOIRM TAR-CHUR

Ainm:

Tìotal
Obrach:

Fòn:

Post-d:

Tha a' Chasaid Foill is Bribidh seo co-cheangailte ri:

Ainm(ean):

Tìotal(an)
Obrach:

Amharas:

Fiosrachadh
mionaideach
h:

i.e. Dè thachair (a bheil e a' tachairt fhathast)? Cò tha na lùib?
Cinn-latha/uairean? A bheil fianais ann agus ma tha, càite a bheil
e? Thoir seachad nas urrainn dhut de mhionaideachd agus
cleachd tuilleadh dhuilleagan ma dh'fheumas tu.

Cuir fiosrachadh sam bith a bharrachd a-steach

Soidhnichte:

Ceann-
latha:

Till an fhoirm tar-chur seo gun Cheannard Gèillidh. Gheibh thu freagairt sgrìobhte.

FOIRM FOILLSEACHAIDH COM-PÀIRT

Tha mise, mar bhall Luchd-obrach/Saor-thoileach/Coimiseanair (*dubh às mar as iomchaidh*) de Choimisean na Croitearachd, air fiosrachadh mionaideach a mhìneachadh gu h-ìosal air na h-ùidhean agam a dh'fhaodadh strì eadar com-pàirt adhbharachadh fo Poileasaidh Strì eadar Com-pàirt Coimisean na Croitearachd.

Till an fhoirm air a lìonadh gun Cheannard Gèillidh.

Cho fada 's as aithne dhomh, tha am fiosrachadh gu h-ìosal coileanta agus ceart. Tha mi a' gabhail ris gur e oibheum a th' ann fiosrachadh ceàrr no meallta a thoirt seachad le fios. Tha mi a' gabhail os làimh am fiosrachadh ùrachadh air bunait bhliadhnaile. Tha mi a' toirt cead do a chleachdadh le Coimisean na Croitearachd airson nan adhbharan a tha mìnichte ann am Poileasaidh Strì eadar Com-pàirt agus sin a-mhàin. Thèid lethbhreacan a sgrìobhadh nuair a dh'fhàgas mi an Coimisean.

Ainm: _____
Soidhnichte: _____
Dreuchd: _____
Ceann-latha: _____

(Lìon a-steach na sreathan gu h-ìosal agus lìon gach aon a tha buntainneach).

Chan eil nì ri Fhoillseachadh (ùidh neoini)	
Dlùth chàirdeas agus conaltradh gu cunbhalach ri neach fa leth a tha an sàs sa choimhearsnachd croitearachd m.e. seilbh no gabhail air croit, tagradh beò le Coimisean na Croitearachd no gnothach sam bith eile le Coimisean na Croitearachd. Tha an tuairisgeul seo cuibhrichte ri cèile no coileabach, pàrantan agus clann, a' gabhail a-steach daltachan, bràithrean/peathraichean agus luchd-cèile.	
Dlùth chàirdeas agus conaltradh gu cunbhalach ri neach fa leth aig a bheil ùidh ionmhasail ann an Coimisean na Croitearachd (cuibhrichte mar gu h-àrd).	
Cosnadh làithreach no cosnadh sam bith roimhe sa bheil ùidh ionmhasail agad a' leantainn. Chan fheum fios mu pheinnseanan a bhith air fhoillseachadh ach far a bheil a' bhuannachd don chompanaidh 20% no barrachd. Am measg ùidhean ionmhasail eile rin fhoillseachadh tha mion-fhiosrachadh mu iasadan fàbharach bho gnothachasan no	

seilbh earrannan dìreach leis an neach no le cuideigin dlùth dhaibh.	
Fastaidhean (saor-thoileach no a chaochladh) m.e. urrasachdan, dreuchdan-stiùiridh, ballrachd ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach no prìobhaideach, comainn phroifeiseanta, tribiùnal, comataidhean ionaltraidh, amsaa.	
Ballrachd de bhuidhnean proifeiseanta sam bith. NGOan no CBOan (buidhnean stèidhichte sa choimhearsnachd), buidhnean ùidhe speisealta amsaa.	
Prìomh thasgaidhean sam bith ann an companaidhean, com-pàirteachasan agus diofar sheòrsaichean gnothachais eile, prìomh sheilbhean earrannan le comas air buannachd a thoradh, far a bheil e air a mheas gu bheil iad sin comasach air strì eadar com-pàirt.	
Mion-fhiosrachadh mu dhreuchd Stiùiriche no Rùnaire le companaidh no carthannas sam bith a tha clàraichte le Taigh Chompanaidhean RA no Riaghladair Charthannasan na h-Alba (OSCR).	
Mion-fhiosrachadh mu bhallrachd gnìomhach ann am pàrtaidh poilitigeach. Bu chòir ùidh fhoillseachadh ma tha an neach ann an dreuchd oifigeil no a' gabhail pàirt ann an sireadh-taice às leth pàrtaidh no a' labhairt às leth pàrtaidh.	
Daingneachadh air a bheil thu nad neach-dàimh no neach-cùraim air neach-tairbhe de Choimisean na Croitearachd. Ma tha, mion-fhiosrachadh.	
Daingneachadh air a bheil dàimh cùmhnantail sam bith agad le Coimisean na Croitearachd. Ma tha, mion-fhiosrachadh.	
Daingneachadh air a bheil dàimh agad le luchd-obrach no buill luchd-obrach san amharc, solaraichean no luchd-maoineachaidh.	
Strithean sam bith eile nach eil còmhdaichte gu h-àrd, far am faodadh strithean eadar com-pàirt a bhith air a mheas.	

EISIMPLEIREAN DE STRÌTHEAN EADAR COM-PÀIRT

Tha còig prìomh chùisean a dh'fhaodadh leantainn gu strìthean eadar com-pàirt a tha fìor no san amharc. Is iad sin:

- Dàimhean le daoine fa leth/pàrtaidhean/buidhnean a dh'fhaodadh leantainn gu dìleas sgarichte, a tha fìor no san amharc.
- Ùidhean ionmhasail no eile taobh a-muigh na buidhne.
- Faireachdainn de dhuaisean airson tabhartasan no fàbharan san àm a dh'fhalbh.
- Ballrachd chomainn no bhuidhnean.

Eisimpleirean de strìthean eadar com-pàirt san amharc, fìor no measaichte:

- Tha d' athair, màthair, mac no nighean an sàs ann an croitearachd ann an sgìre a tha taobh a-staigh do dhleastanais. **Dh'fhaodadh tu fhèin no do theaghlach a bhith air am meas air buannachd fhaotainn tron dreuchd agad air a' Bhòrd.**
- Tha thu nad stiùiriche air companaidh solair thogalaichean agus tha am Bòrd air a bheil thu a' sireadh dreuchd, a' coileanadh eacarsaichean solair cunbhalach leotha airson stuthan togail. **Dh'fhaodadh tu buannachd fhaotainn bho cho-dhùnaidhean air an gabhail leis a' Bhòrd.**
- Tha thu nad mhanaidsear air buidheann saor-thoileach, far am bi an tagraidhean maoineachaidh air am beachdachadh leis a' Bhòrd air a bheil thu a' sireadh dreuchd. **Dh'fhaodadh am buidheann dha bheil thu ag obair, buannachd ionmhasail fhaotainn bho cho-dhùnaidhean air an gabhail leis a' Bhòrd.**
- Tha thu san àm a dh'fhalbh air maoinean susbainteach a thoirt don phàrtaidh phoilitigeach dom buin am Ministear a bhios a' fastadh. **Dh'fhaodadh do fhadadh a bhith air fhaicinn mar dhuais airson fàbharan san àm a dh'fhalbh.**
- Tha thu fhèin agus àrd-oifigeach a tha air a' Phannal taghaidh nur buill de bhuidheann, far a bheil a' bhallrachd air a cumail dìomhair. **Dh'fhaodadh do fhadadh a bhith air fhaicinn mar “lionra nam fear” ag obair.**

Ann am facail eile, cha bu chòir do neach sam bith an dreuchd a chleachdadh no a bhith air am faicinn an dreuchd a chleachdadh, gus an ùidhean prìobhaideach a neartachadh. Is e raon de chudromachd sònraichte a tha seo, oir tha e na dhragh nach beag don phoball agus a' faotainn mòran aire bho na meadhanan.

Tha na tha gu h-àrd nan eisimpleirean a-mhàin, agus mar sin bu chòir dhut beachdachadh gu cùramach air do shuidheachadh fhèin airson a mheas am faodadh strì eadar com-pàirt fìor no measaichte a bhith an làthair.

PRÌOMH CHUNNARTAN FOILL NO BRÌBIDH (<i>fiosrachadh eachdraidheil</i>)
--

1. CINN-UIDHE

- Às aonais am Poileasaidh Bacadh-Foill fhèin, ghabh Coimisean na Croitearachd ri Poileasaidh Bacadh-Foill Riaghaltas na h-Alba. Tha Poileasaidh Riaghaltas na h-Alba sa mhòr-chuid cuimsichte air foill ionmhasail, ach tha cunnartan neo-ionmhasail eile sònraichte do Choimisean na Croitearachd a tha air am meas nas deatamaiche. Tha iad air an comharrachadh mar:
 - Mì-riochdachadh le treas phàrtaidhean a thaobh tagradh riaghlaidh agus obair-cùise eile.
 - Strithean eadar compàirt san amharc a thaobh luchd-obrach no Coimiseanairean ann an giullachd obair-cùise.
 - Strithean eadar com-pàirt a thaobh luchd-obrach no Coimiseanairean ann an leasachadh poileasaidh, agus
 - Measaidhean poblach air pròiseasan a' Choimisein mu strithean eadar com-pàirt a thaobh luchd-obrach no Coimiseanairean.
- B' e prìomh chinn-uidhe an t-sònrachaidh seo, Poileasaidh Bacadh-Foill a chruthachadh a thèid a thaisbeanadh do Bhòrd Coimisean na Croitearachd airson beachdachadh agus aonta. Tha aig a' Phoileasaidh ri bhith:
 - A' gèilleadh do phrionnsapalan Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM).
 - A' còmhach nan raointean cunnairt a thugadh fa-near gu h-àrd, a tha sònraichte do Choimisean na Croitearachd a thuilleadh air foill ionmhasail.
 - A' gabhail cunntas air gu bheil luchd-obrach maireannach Coimisean na Croitearachd uile air am fastadh le Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin tha iad cuibhrichte do agus le cothrom air poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba.
 - Co-chuideil do mheud agus nàdar Coimisean an Croitearachd, agus
 - A' toirt feum à eòlas agus fiosrachadh bhuidhnean poblach coimeasach eile.

2. BUIDHEACHAS

- Thug na daoine fa leth a leanas seachad an ùine agus an co-obrachadh tron t-sònrachadh seo agus bu mhath le Scott-Moncrieff (agus Moore Stephens) ar buidheachas a chlàradh:

AINM	DREUCHD
Cailean Ceanadach	Neach-gairm/Coimiseanair
Uilleam Swann	Coimiseanair
Catriona NicIII Eathain	Àrd-Oifigear
Niall Dòmhnallach	Manaidsear Ionmhais

Donna Nic a' Ghobhainn	Ceannard Obrachaidhean
Eòsaph MacIlleChiar	Ceannard Taic Riaghlaidh
Iain Toal	Ceannard Poileasaidh
Sìne NicThòmais	Ceannard Gèillidh
Daibhidh MacFhionnlaigh	Neach-lagha

3. PRÌOMH CHUNNARTAN FOILL AGUS BRÌBIDH

Airson an t-sònrachaidh seo, chaidh Speisealach Contra-Foill Barantaichte fhadstadh gus Poileasaidh Contra-Foill a dhreachadh a dh'aon ghnòthaich do Choimisean na Croitearachd. Choinnich an Speisealaiche Contra-Foill (CFS) le prìomh dhaoine fa leth gus tuigsinn nas fheàrr fhaighinn air na cunnartan foill is brìbìdh gun choimeas, a tha buailteach buaidh a thoirt air Coimisean na Croitearachd. Tha na prìomh chunnartan a chaidh a chomharrachadh mar a leanas:

➤ **Strìthean eadar Com-pàirt**

Chaidh na cùisean mu thimcheall strìthean eadar com-pàirt gun fhoillseachadh, a chomharrachadh mar a' phrìomh raon cunnairt. Tha an cunnart foill (no brìbeadh) mar thoradh air ùidhean gun fhoillseachadh, nas coltaiche tachairt mar thoradh air nàdar croitearachd agus mar a tha Coimisean na Croitearachd ag obrachadh. Chaidh a mhìneachadh gu bheil ceanglaichean aig mòran luchd-obrach Coimisean na Croitearachd ris a' choimhearsnachd croitearachd (glè thric ceanglaichean teaghlach) agus mar sin tha strì an làthair ann an cumadh air choreigin. Tha cunnart san amharc mar sin, gum faod luchd-obrach fo strì an suidheachadh taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd a chleachdadh gus taobhachd agus co-dhùnidhean (mì-onarach) a chur an cèill, a bhiodh na bhuannachd do an ùidh. Ged nach biodh call ionmhasail sam bith ann do Choimisean na Croitearachd, dh'fhaodadh call a bhith san amharc do thagraiche mì-shoibheachail, agus bhiodh cunnart ann a thaobh damaist air cliù nan deigheadh foill a chomharrachadh.

A thuilleadh air luchd-obrach, chaidh a thoirt fa-near gu bheil Coimiseanairean a' cruthachadh cunnart a thaobh ùidh gun fhoillseachadh, nas motha na luchd-obrach. Mar thoradh air Coimiseanairean a bhith a' fuireach ann an coimhearsnachdan croitearachd, tha iad nas buailtiche a bhith fo strì. Mar thoradh air gu bheil aig Coimiseanairean ri co-dhùnidhean a dhèanamh mu chroitearachd nan nàbaidheachdan fhèin, tha cunnart foill (no brìbeadh) san amharc do Choimiseanairean tighinn gu co-dhùnidhean a bhios nam buannachd do an ùidhean (pearsanta no teaghlach). A bharrachd air an sin, tha cunnart nas motha gum faic am poball co-dhùnadh le Coimiseanair gu bhith coirbte (eadar gu bheil e no nach eil). Gus faighinn timcheall air a leithid sin de bheachdan, tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail cheumnan le bhith a' gluasad barrachd de na co-dhùnidhean bho Choimiseanairean chun an luchd-obrach aig Coimisean na Croitearachd. Ann a bhith a' dèanamh sin, tha an cunnart a thaobh am poball a bhith a' meas giùlan coirbte, air a lùghdachadh gu mòr.

Moladh a h-Aon:

Gus strì eadar com-pàirtean a làimhseachadh, thathar a' moladh gun toir Coimisean na Croitearachd a-steach modh-obrach far am feum luchd-obrach uile foillseachadh bliadhnail a dhèanamh, a' gabhail a-steach foillseachadh neoini. Ach, thathar a' gabhail ris gun deigheadh am modh-obrach seo seachad air na riatanasan air an cur an gnìomh le Riaghaltas na h-Alba, agus mar sin fo ùmhlachd aonta nan aonaidhean ciùird.

➤ **Cunnartan Foill IT**

Chaidh a mhìneachadh gun robh siostam IT làithreach Coimisean na Croitearachd fosgailte do chomas air foill. Chan eil an siostam a' cumail suas lorg sgrùdaidh agus tha cothrom acasan a gheibh a-steach don t-siostam cothrom fhaighinn air an t-siostam air fad; a' ciallachadh gu bheil ruigsinneachd aig luchd-obrach le uallach airson aon roinn a-mhàin, air chan e a-mhàin obair-cùise/tagraidhean na roinne aca fhèin ach cuideachd na roinnean air fad. Tha an siostam seo a' fàgail a' Choimisein fosgailte do chunnart air foill. Bhiodh comas aig neach-foill tagraidhean a chruthachadh, a dhubhadh às, aontachadh no a dhiùltadh ann an ainm chuideigin eile. Ach, bu chòir a thoirt fa-near gu bheil an siostam IT làithreach ga ionadachadh le siostam ùr a tha a' cumail suas lorg teann, a' glacadh fiosrachadh a thaobh strithean eadar com-pàirt agus a' cuibhreachadh cothrom do luchd-cleachdaidh. Bu chòir don seo cothrom air foill a dhèanamh air Coimisean na Croitearachd tron t-siostam IT, a lùghdachadh gu mòr.

➤ **Measadairean Sgìreil**

Bidh Coimisean na Croitearachd a' cleachdadh Mheasadairean Sgìreil gus Coimisean na Croitearachd a chuideachadh ann an tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh croitearachd. Is e saor-thoilich a th' ann am Measadairean Sgìreil, chan eil iad a' faighinn pàigheadh ann an dòigh sam bith bho Choimisean na Croitearachd agus tha iad bhon Choimhearsnachd Croitearachd. Tha na cunnartan co-cheangailte ri Measadairean Sgìreil dùbailte. Sa chiad àite, tha cothrom ann gum biodh strì eadar com-pàirt aig Measadairean Sgìreil agus comas air measadh taobhach a thoirt seachad gu am buannachd fhèin. San dàrna àite, tha Measadairean Sgìreil comasach air a bhith fosgailte do bhrìbeadh no coirbteachd mar thoradh air gu bheil am measaidhean buadh-mhor agus nach eil iad pàighte le Coimisean na Croitearachd.

Chaidh aithris gu bheil dreuchd a' Mheasdaire Sgìreil ga ath-sgrùdadh.

Moladh a Dhà:

Thugadh fa-near nach eil na Measadairean Sgìreil fo chùmhnannt foirmeil le Coimisean na Croitearachd. Mar sin, bu chòir do Choimisean na Croitearachd iarraidh air Measadairean Sgìreil an ainm a chur ri cùmhnannt saor-thoileach le Coimisean na Croitearachd. Dhèanadh seo cinnteach gun urrainn Measadairean Sgìreil a bhith air an cumail cunntachail airson am measaidhean.

- Tha an CFS air dà phoileasaidh a dhreachadh airson beachd Coimisean na Croitearachd: Poileasaidh Bacadh-Foill is Brìbeadh agus Poileasaidh Strì eadar Com-pàirt. Is e cunnart foill (no brìbeadh) a' tachairt mar thoradh air strì eadar com-pàirt, a' chunnart as motha. Mar sin thathar a' moladh gum bi Poileasaidh Strì eadar Com-pàirt neo-eisimeileach aig Coimisean na Croitearachd. Le poileasaidh neo-eisimeileach, thathar a' sùileachadh gum meudaich mothachadh do chùisean mu thimcheall strìthean eadar com-pàirt, agus mar sin a' lùghdachadh a' chothruim air foill is brìbeadh a dhèanamh air Coimisean na Croitearachd mar thoradh air strìthean eadar com-pàirt.

Moladh a Trì:

Thathar a' moladh, gus dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean air am fighe a-steach (i.e. air an cur an aithne, air gabhail riutha agus dearbhadh air an tuigsinn), comhairleachadh gu bheil na poileasaidhean ùra air an cur gu an luchd-obrach uile agus gum bi seiseanan tràanaidh air an cumail aig Coimisean na Croitearachd, gus luchd-obrach fhiosrachadh mun chunnart foill is brìbidh as coltaiche buaidh a thoirt air Coimisean na Croitearachd agus na cùisean mun cuairt strìthean eadar com-pàirt.